

## **Ceistean Cumanta - a' frithealadh coinneamhan bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig**

Gus do chuideachadh le bhith a' tuigsinn mar a tha na coinneamhan againn ruigsinneach dhan phoball, tha sinn air sreath de cheistean is freagairtean cumanta a chur ri chèile. Tha sinn an dòchas gum bi am fiosrachadh seo feumail dhut. Ma tha ceist sam bith eile agad, cuir fios gu [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot).

### **Ceist: Dè an cànan anns an tèid a' choinneamh a chumail?**

Freagairt: Thèid a' choinneamh air fad a chumail tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn ag amas air eadar-theangachaidhean beò a chur air dòigh aig coinneamhan a' bhùird-stiùiridh san àm ri teachd.

### **Ceist: Cò as urrainn a bhith nan luchd-amhairc poblach?**

Freagairt: 'S e a th' ann an neach-amhairc poblach ach cuideigin a bhios an làthair aig coinneamh ach nach eil an sàs gu dìreach ann an gnothaichean na coinneimhe.

### **Ceist: Am faod luchd-amhairc poblach pàirt a ghabhail sa choinneimh?**

Freagairt: Mar neach-amhairc poblach, faodaidh tu èisteachd ri gnothaichean na coinneimh, ach a-mhàin nuair a thathar a' deasbad fiosrachadh Oifigeil-Dìomhair (faic 'Am faod mi èisteachd ris a h-uile còmhradh?' gu h-ìosal airson barrachd fiosrachaidh). Ach, chan fhaod thu pàirt a ghabhail anns na còmhradhean. Mar sin, chan fhaod thu ceistean a chur, pàirt a ghabhail ann am bhòtadh no do bheachdan a thoirt do na buill a tha an sàs sa choinneimh.

### **Ceist: Ma tha ceist sam bith agam, cò ris am bu chòir dhomh bruidhinn?**

Freagairt: Cuir ceist sam bith a th' agad gu [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot). Mar a chaidh mìneachadh anns a' Chairt Luchd-ùidhe, innsidh sinn dhut gun d'fhuir sinn conaltradh sgrìobhte sam bith bhuaic taobh a-staigh 5 latha-obrach bho fhuaireadh e agus thèid freagairt a thoirt air gach conaltradh ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 20 latha-obrach bhon cheann-latha air an d'fhuaireadh e a rèir clàr-ama Riaghaltas na h-Alba mu fhreagairtean.

### **Ceist: Tha ceist agam mu thè de na puingeann air a' chlàr-gnothaich/sna pàipearan, cò ris am bu chòir dhomh bruidhinn?**

Freagairt: Cha toir sinn aithris sam bith co-cheangailte ris a' chlàr-gnothaich no na pàipearan seachad ron choinneimh. Feumar ceistean mu seo a chur thugainn às dèidh làimh gu [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot).

### **Ceist: Dè an cruth a bhios air a' choinneimh?**

Freagairt: Aig tòiseach na coinneimhe, bidh facal-tòisich ann bho Chathraiche na coinneimh. Mar as trice, thèid na rudan a leanas a dheasbad rè na h-earrainn poblaich den choinneimh:

- Clàr-gnothaich na coinneimh.
- Leisgeulan.
- A bheil strì eadar com-pàirtean aig ball sam bith den Bhòrd-stiùiridh a dh'fheumas iad clàradh.
- An uair sin, gluaisidh an Cathraiche air adhart gu gnothaichean na coinneimh.
- Uaireannan, dh'fhaodte gum bi a' choinneamh air fad dùinte do luchd-amhairc poblach. Tachraidh seo nuair a tha an Cathraiche air co-dhùnadh nach biodh e comasach gnothach sam bith a dhèanamh gun a bhith a' toirt iomradh air fiosrachadh dìomhair.

### **Ceist: Cò a bhios aig a' choinneimh?**

Freagairt: A bharrachd air a' Chathraiche agus buill a' Bhùird-stiùiridh, dh'fhaodte gum bi na daoine a leanas an làthair aig a' choinneimh:

- Luchd-obrach aig àrd-ìre a bhios a' bruidhinn, a' toirt seachad pàipearan no a tha air na pàipearan a sgrìobhadh air a bheilear a' beachdachadh aig a' choinneimh.
- Luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' ruith agus a' cumail taic ris a' choinneimh.

### **Ceist: Cò mu dhèidhinn a bhruidhneas buill a' Bhùird-stiùiridh?**

Freagairt: Bidh grunn diofar phàipearan air a' chlàr-ghnothaich agus dh'fhaodte gum bi iad:

- Rin aontachadh
- Rin toirt fa-near
- Rin deasbad
- Mar fhiosrachadh
- Am fiosrachadh as ùire air a labhairt

### **Ceist: Am bi na pàipearan aig luchd-amhairc poblach gus an lean iad a' choinneamh?**

Freagairt: Thèid clàr-ghnothaich a' Bhùird-stiùiridh a chur air an làraich-lìn seachdain ro gach coinneimh Bùird. Bidh na pàipearan ach a-mhàin an feadhainn air an comharrachadh Oifigeil-Dìomhair rin luchdadh a-nuas còig làithean ron choinneimh. Dh'fhaodte gun atharraich nithean air a' chlàr ron choinneimh, agus nochdaidh atharrachaidhean air a' chlàr-ghnothaich air an làraich-lìn <https://www.gaidhlig.scot/bord/corporate/board-meetings/>.

### **Ceist: Am faod mi èisteachd ris a h-uile còmhradh?**

Freagairt: Tha seo a rèir 's a bheil cuid den fhiosrachadh ri dheasbad air a chomharrachadh mar Oifigeil-Dìomhair. Thèid pàipearan a' Bhùird-stiùiridh a dh'fhaodadh a bhith air an deasbad ann an Seiseanan Dùinte (le ùmhlachd do cho-dhùnadh a' Chathraiche agus a' Cheannaird) a chomharrachadh Oifigeil-Dìomhair.

### **Ceist: Am feum mi fuireach ann airson na coinneimh air fad?**

Freagairt: Chan fheum, faodaidh tu falbh is a' tighinn mar a thogras tu.

### **Ceist: Am faod mi nòtaichean a dhèanamh aig a' choinneimh no cùisean a chlàradh?**

Freagairt: A rèir Lagh na h-Alba, chan eil clàradh fuaim no bhidio, aithris beò no dealbhan de choinneamhan ùghdarraichte. Faodaidh luchd-amhairc poblach nòtaichean a ghabhail aig a' choinneimh.

### **Ceist: Am faod mi iomradh a thoirt air na faclan a chaidh a ràdh aig coinneamh?**

Freagairt: Chan fhaodar cuòtaichean a chleachdadh ann am foillseachaidhean air an taobh a-muigh ach a-mhàin an gearr-chunntas deireannach, a tha air a thoirt seachad mar as trice leis a' Chathraiche. **Chan fhaod** thu cuòt a dhèanamh air na tha duine no buidheann sam bith a tha an làthair aig coinneamh gu dìreach no gu neo-dhìreach (mar eisimpleir, ag ràdh gun d' fhuaras an cuòt bho bhall no oifigear gun urra) mura d' fhuair eadh **cead sònraichte** bhon Chathraiche agus mura bheil an neach buntainneach air aontachadh a bhith air an cuòtadh.

### **Ceist: Am faod mi aithris air na chaidh a ràdh aig coinneamhan gun a bhith a' cleachdadh nan dearbh faclan a chleachd daoine?**

Freagairt: Faodaidh. Tha sinn toilichte gum foillsich foillseachaidhean air an taobh a-muigh fiosrachadh mu na cùisean air an deach beachdachadh aig coinneamhan cho fad 's nach cuir iad an teacs a' leith duine no buidheann sam bith a tha a' gabhail pàirt anns a' choinneimh. Ged a thèid farsaingeachd de bheachdan a chur an cèill aig coinneamhan, thèid na dreach molaidhean agus na molaidhean deireannach aontachadh leis a' Bhòrd. Cha ghabhadh na co-dhùnaidhean cudromach seo a dhèanamh mura a robh còmhraidhean a' coimhead air an fharsaingeachd de bheachdan mus dèanar na dreach molaidhean agus na molaidhean deireannach.

**Ceist: Am faod mi bruidhinn ri buill rè nan amannan fois?**

Freagairt: Tha e cudromach nach bi duine a' feuchainn ri buaidh a thoirt air beachdan nam ball fa leth aig a' choinneimh, aig amannan fois no taobh a-muigh na coinneimh air cuspair sam bith air a bheilear a' deasbad. Tha sinn ag iarraidh air luchd-amhairc poblach ceist sam bith a th' aca a chur gu [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot). Bu chòir ceistean aig na meadhanan a chur gu [megan@gaidhlig.scot](mailto:megan@gaidhlig.scot).

**Ceist: Dè thachras ma dh'fheuchas neach-amhairc poblach ri aimhreit adhbharachadh aig a' choinneimh?**

Freagairt: Tha sinn an dùil gun toir a h-uile duine a thig gu coinneamh urram do dh'obair a' Bhùird agus nach adhbharaich iad aimhreit sam bith. Ma dh'adhbharaicheas neach-amhairc poblach aimhreit sam bith, faodaidh an Cathraiche toirt air an neach sin falbh. Faodaidh sinn cuideachd casg a chur air luchd-amhairc poblach a tha ag adhbharachadh aimhreit bho bhith a' frithealadh coinneamh sam bith san àm ri teachd.

**Ceist: Ciamar a gheibh mi ballrachd air Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig?**

Freagairt: Bidh sinn a' cur fàilte air daoine bho shuidheachaidhean eadar-dhealaichte le dealas, sgilean agus eòlas freagarrach a thighinn air a' Bhòrd againn gus taic a chumail ris an obair againn. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' fastadh buill a' Bhùird-stiùiridh. Tha buill a' Bhùird air am fastadh fad ùine stèidhichte agus tha àiteachan bàn air an sanasachd tro Fhastaidhean Poblach Riaghaltas na h-Alba <https://applications.appointed-for-scotland.org>